

Fàilte gu làrach-lìn oifigeil Geamachan Co-fhlaitheis Ghlaschu 2014. An seo gheibh sibh a-mach gach nì a dh'fheumas sibh gus fios a bhith agaibh mu na Geamachan 11-latha do bheil Glaschu a' toirt aoigheachd agus a tha gu bhith a' glacadh agus a' brosnachadh ceudan millean de luchd-taic spòrs air feadh an t-saoghail.

Tha dualchas air leth aig Geamachan a' Cho-fhlaitheis mar thachartas spòrs na cruinne. Thèid an cumail gach ceithir bliadhna le 70 rìoghachd agus 6,500 lùth-chleasaiche agus oifigeach a' gabhail pàirt ann an raon de spòrsan far a bheil sàr-fharpais, co-spèis agus càirdeas nam fìor bhunait.

Tha Glaschu pròiseil a bhith a' toirt aoigheachd do "Na Geamachan Càirdeil" eadar Diciadain 23 Iuchar agus Didòmhnaich 3 Lùnastal 2014 agus a' riochdachadh Alba ann a bhith a' sìneadh a-mach fàilte do chàirdean bho gach nàisean, dùthaich agus sgìre sa Cho-fhlaitheas. Thathas a' coimhead air adhart gu geur riutha, ann am baile mòr a tha ainmeil airson càirdeas, coibhneas spioraid agus càil àbhachdais.

Tha na Geamachan fhathast beagan bhliadhnaichean air falbh ach tha ullachadh air an son ann an Glaschu aig ìre glè adhartach gus dèanamh cinnteach gur e sàr-thachartas spòrsail a bhios an seo le mìltean de chuimhneachaidhean nan cois. Tha sinn airson gum bi pàirt aig luchd-amhairc, lùth-chleasaichean, muinntir na spòrs, luchd-taic saor-thoileach agus aoighean anns an tachartas sònraichte seo.

A thaobh Ghlaschu, tha Geamachan a' Cho-fhlaitheis 2014 a' ciallachadh fad a bharrachd air a' phrògram de 17 spòrs. Tha iad mu dheidhinn ath-bheothachadh sgìre mòr tràighe de thaobh an ear Ghlaschu agus dìleab eaconamach, shòisealta agus spòrsail a chruthachadh do na h-uile an Alba. Is e sgeulachd a tha an seo a bhios a' sgaoileadh a-mach agus a bhios sinn ag innse thar nam mìosan agus nam bliadhnaichean a leanas. Ach, tha an t-àrdachadh-intinn a' tòiseachadh an seo.